

# Seanchas Ìle

LÀMH SGRÌOBHAINNEAN MACLAGAIN

## OS-NÀDARRACH: Each-Uisge

From Isabel MacCalman, Conispie, Islay (anonymous)

6302

Talking of water horses (each-uisge), an old Islay woman said:

“Bha eich uisge o shean ann an Lochaghairm. Chuala mi an naidheachd so aig mo mhathair. Bha duine aon oidhche a tighinn dhachaidh bho `n margadh. Bha `n duine gu math sgith, agus thuibhairt e gum b’ fhear leis gu robh each aige air am marcaicheadh e. Cha bu luaithe a bha `m facal as a bheul, na chunnaic e each ri taobh an rathaid, agus leum e air a dhruim. Ach cha b’ fhada gus an d’ thug e fanear nach be each ceart bha ann idir, agus leum e dheth. Well, ruith an t-each sios chun an locha far an robh eich eile, agus nuair a mhothaich iad sin boladh an duine dheth, dh’ eirich iad air agus mharbh iad e.”